

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

FARPAIS ÙR DHEILBH SON 2009 - SAOGHAL NAN GÀIDHEAL

26 An Cèitean 2009

Chaidh farpais ùr dheilbh, fo stiùireadh pròiseact Cholmcille fhoillseachadh le Ministear na Gàidhlig Micheil Russell. Tha cothrom aig farpaisich a bhith a' glacadh suidheachaidhean agus gnothaichean eadar-dhealaichte ann an Saoghal nan Gàidheal, an Alba no an Eireann.

Tha ùidh mhòr aig a' Mhinistear fhèin ann an delabhan agus obair camara, agus cuideachd eachdraidh na cùise, a bharrachd air a bhith air beul camara iomadach uair 'na dhreuchd làitheil mar Mhinistear Riaghaltais. Bidh Mgr Russell na bhrìtheamh air an fharpais a bhios a' sgrùdadh chùisean ann an 2009.

Tha duaisan suas gu £2,000 rim faotainn san fharpais le cothrom dealbhan a thogail an dath no an dubh is geal, a' sealltainn taobhan de bheatha luchd-labhairt is coimhearsnachdan na Gàidhlig ann an Alba no ann an Eireann.

Tha còig duaisean ann gu h-iomlan: INBHICH (16+) A' chiad duais: £2000 /€2200; An Dàrna Duais £750/€ 850; An Treas Duais £500/€ 565 agus ÒIGRIDH (5-15 air 31/08/09) A' chiad dhuais: £ 500/€565; An Dàrna duais: £ 250/€280. Gheibh gach neach a ghlèidheas duais airgid cuideachd lethbhreac de chlàr Tìr Cholm Chille.

A' foillseachadh farpais na bliadhna-sa ann an Dùn Èideann thuir Mgr Russell: "‘S e fìor dheagh iomairt a tha seo a bhios ag amas gu sònraichte air cuid de na taobhan as ìntinniche de shaoghal is beatha Alba is Eireann leithid àrainneachd, cultar agus dualchas. Bu mhath leam mo bheannachd a thoirt do Cholmcille airson a leithid a chur air adhart. Tha pàirt air leth cudromach aig Colmcille ri choileanadh ann a bhith a' togail agus a' brosnachadh cànan nan Gàidheal an dà chuid ann an Alba agus Eireann agus 'se cothrom eile a tha seo sin a dhèanamh agus a thoirt gu aire dhaoine. Tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith 'nam bhrìtheamh agus mar a bhios an fharpais a' dol air adhart."

Tha Colmcille, (a bha roimhe seo air ainmeachadh mar Iomairt Cholm Chille) a nis air a stiùireadh le Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge an co-bhuinn mar phàirt dhen obair aca. Thuir Mairi Mhoireach, Oifigear Leasachaidh Cholmcille ann an Alba: "Bhon chuir sinn an fharpais seo air dòigh bho chionn trì bliadhna tha sinn air ar mòr-mhisneachadh leis an dòigh ùr-nò anns an deach daoine an sàs ann. Tha cothroman an seo tron fharpais do dhaoine ann an coimhearsnachdan Gàidhlig air dà thaobh Sruth na Maoile a bhith a' togail

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



dheilbh de na coimhearsnachdan aca fhèin, an suidheachaidhean obrach is teaghlaich agus an àrainneachd eireachdail anns a bheil sinn a' tighinn beò. 'S e cothrom air leth a th'ann do dhaoine nach eil ris an obair seo gu proifeiseanta an cuid obrach aithneachadh agus tha e a' toirt cothrom dhuinn fhèin tro bhith margaidheachd is eile tron phròiseact a bhith a' sealltainn do dhaoine na bhoineas dhuinn. Tha mi cinnteach gun tèid a' cheart cho math leinn anns an fharpais seo sa chaidh leinn roimhe seo.

Feumar dealbhan airson farpais na bliadhna seo a chur a-staigh ro 6 uairean feasgar , Diluain, 31 Lùnastal, 2009.

Airson barrachd fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040.

Faicibh: www.colmcille.net

Fiosrachadh mun fharpais (geàrr chunntas)

Feumar na dealbhan a chur a-staigh ann an riochd didsiotach air fiolm no gu didsiotach. Aig a' char as lugha, feumaidh iad a bhith aig ìre 2500 x 1900 pixels, air an togail le camara 5MP no nas àirde. Feumaidh beagan briathrachais an Gàidhlig/Gaeilge a bhith an luib gach dealbh ach cha tèid breithneachadh air sin. Feumaidh gach neach fiosrachadh a chur an luib bileag clàraidh air làrach lìn Cholmcille. Chan eil àireamh de dhealbhan air a chomharrachadh airson an cur a staigh ach feumaidh gach neach a tha a' feuchainn anns an fharpais a bhith clàraichte. Feumar dealbhan airson farpais na bliadhna seo a chur a staigh ro 6 uairean feasgar, Diluain, 31 Lùnastal, 2009.

Faodar cur a-staigh airson na farpais le tadhail air an làrach aig Flickr aig www.flickr.com agus tha sin saor agus an asgaidh. Rach gu www.colmcille.net/photo-competition.html agus thèid gabhail riutha mar sin fhèin tro chunntas Saol na nGael 2009. Cha bu chòir ach aon dealbh a chur le gach post-dealain. Ma tha cuideachadh no cobhair a dhìth, gheibh sibh sin aig saolnangael@googlemail.com agus gheibh sibh bileag clàraidh an sin. Cuiribh ainm Flickr agus fiosrachadh leithid post-dealain agus àireamh fòn air an sin. Faodar cuideachd bileag a lìonadh leis an fhiosrachadh agus na dealbhan a chur tro phost-dealain gu Chan eil e ceadaichte do neach sam bith (no an cuid teaghlaichean) a tha ag obair do na buidhnean a leanas cur a staigh son na farpais: Buill air Bòrd Colmcille, Foras na Gaeilge, no Bòrd na Gàidhlig

*“Pobal bríomhar idirghníomhach Gaelach idir Éirinn agus Albain”
“Coimhearsnachd bheothail, cho-obrachail a chruthachadh eadar Èirinn is Alba”*

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



“a vibrant interactive community spanning Ireland and Scotland”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



MAJOR PHOTOGRAPHIC COMPETITION CAPTURES THE LIFE OF THE GAEL

26 May 2009

A major photographic competition, administered by the Colmcille project, aimed at capturing the lives of speakers of Scottish or Irish Gaelic or of the life of the Scottish Gaidhealtachd/Irish Gaeltacht, has been launched by the Minister for Gaelic Michael Russell MSP.

A keen photographer himself, with a long-term interest in various aspects of the history of photography, as well as being accustomed to being at the sharp end of a lens in his Ministerial role, Mr. Russell will be one of the judges casting his eye over the entrants for the 2009 competition.

Prizes of up to £2,000 are available in the competition which is for either colour or monochrome photographs depicting any aspect of the life of speakers of Scottish or Irish Gaelic or of the life of the Scottish Gaidhealtachd/Irish Gaeltacht.

There will be five prize-winners in all, in two categories: ADULT (16+) First prize £2000 /€2200; Second prize £750/€ 850; Third prize £500/€ 565 and JUNIOR (5-15 on 31/08/09) First prize £ 500/€565: Second prize £ 250/€280. Each prize-winner will also receive a framed copy of the Tìr Cholm Chille map.

Launching the competition in Edinburgh, the Minister said: “This is an excellent initiative which will focus on some of the most interesting and attractive aspects of Scottish and Irish life including our landscape, culture and heritage. I would like to commend Colmcille for taking forward this initiative. Colmcille has an important role to play in promoting the shared Gaelic language and culture of Ireland and Scotland and this competition provides another opportunity to celebrate and promote this. I look forward to hearing how the competition progresses and to judging the entries.”

Colmcille, (formerly Iomairt Cholm Chille, The Columba Initiative) is jointly managed by Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaelige as part of their mainstream activities. Mairi Murray, Colmcille’s Development Officer in Scotland said: “Since we launched this competition in its first format three years ago, we have been hugely encouraged by the innovation and imagination shown by entrants. The competition offers people within the Gaelic communities of Scotland and Ireland a great opportunity to capture their own environments, work situations, family occasions and the magnificent environments in which

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



we all communicate. It is a great opportunity for amateur photographers to have their work recognised and offered to a wider audience through the calendars and other materials we produce through Colmcille and I have no doubt that this year will offer as a great selection and a significant challenge for the judges.”

Photographic entries for the competition must be submitted by 6pm, Monday 31st August, 2009.

For further information about the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.

See: www.colmcille.net

Background note:

Competition details (Summary)

All entries must be submitted in a digital format but can be digital or film captures. To ensure sufficient resolution for exhibition display purposes photographs must be a minimum resolution of 2500 x 1900 pixels taken by a 5MP camera or higher. Each photograph **MUST** be accompanied by a brief title or caption in Gàidhlig/Gaeilge but will not be judged on their Gàidhlig/Gaeilge usage. Each entrant must fill in an online registration form on the Colmcille website. There is no limit to the number of images submitted per applicant but an entry form **MUST** be completed for each entrant. Photographs must be submitted by 6pm Monday 31st August 2009. Entries for the competition may be made by going to the free Flickr account at www.flickr.com. Go to www.colmcille.net/photo-competition.html or not38hen@photos.flickr.com and they will be added through the Saol na nGael 2009 account. Only 1 photo should be attached per email. For help or queries please email saolnangael@googlemail.com and fill in an entry form including your Flickr user name, email address and telephone no. Alternatively entrants may fill in an entry form and then simply email photo(s) to

Employees or Board Members of Colmcille, Foras na Gaeilge, Bòrd na Gàidhlig or any members of their families are ineligible to enter.

“Pobal bríomhar idirghníomhach Gaelach idir Éirinn agus Albain”

“Coimhearsnachd bheothail, cho-obrachail a chruthachadh eadar Èirinn is Alba”

“a vibrant interactive community spanning Ireland and Scotland”